

Mean air Mhean

Cuairt-Litir do Sgìre Inbhir Nis & Inbhir Narainn

An Lùnastal

Aireamh 1
2005

Ro-Ràdh

Is e cuairt litir dà-chànanach a th'ann am 'Mean air Mhean' agus thig e a-mach a h-uile dà mhios. Cumaidh e ceart sibh a thaobh nan leasachaidhean a tha air a bhith tachairt a thaobh a' Phlana Cànan & Cultar airson Sgìre Inbhir Nis agus Inbhir Narainn.

'S ann as an oifis aig Comunn na Gàidhlig ann an Inbhir Nis a tha Aonghas MacLeòid ag obair agus bhon a thòisich e anns a Mhàrt anns an dreuchd pàirt ùine mar Cho-òrdanaiche Leasachaidh don Phlana tha e air adhartas a dhèanamh ann a bhith cur an gnìomh amasan a' Phlana. Tha na buidhnean a leanas a' toirt taic agus maoinachais don Phlana - Comhairle na Gàidhealtachd, Iomairt Inbhir Nis, Inbhir Narann, Bhàideanach is Srath Spè, Bòrd na Gàidhlig agus Comunn na Gàidhlig.

Tha am Plana a' dèiligeadh ri sgìre Inbhir Nis agus Inbhir Narainn de Chomhairle na Gàidhealtachd. Bhon a thòisich e anns a' Mhàrt, tha e air a bhith an sàs ann a bhith cur eòlais air na h-eagrachaidhean agus daoine a bheir taic dha gus amasan a' Phlana a choileanadh.

An dèidh molaidhean bho Choinneamh den Bhuidheann Stiùiridh air 3 An Cèitean 2005, chaidh a' chiad choinneamh de Bhuidheann nan Oifigear a chumail 30 An t-Òg Mhios.

Is e ballrachd na buidhne Stephanie Mhoireach bho I.I.I.B.S, Dòmhnall Mac Ille Mhoire bho Bhòrd na Gàidhlig, Dolina Ghrannid agus Mairead Mhulholland bho Chomhairle na Gàidhealtachd agus Brian O hEadhra—Oifigear Leasachaidh airson Fòram Gàidhlig Inbhir Nis.

Bidh am buidheann a' coinneachadh gu cunbhalach gus taic a thoirt don cho-òrdanaiche leasachaidh gus ceann-uidhe a' Phlana a thoirt gu buil.



Aon de na pròiseactan -

Ag obair le Roinn Cur-Seachad & Cultar na Comhairle gus an Aibidil Ghàidhlig am Pàirc a' Chonaisg ath-stèidheachadh agus a leasachadh mar goireas foghlaim don teaghlach.

Tha Aonghas air a bhith dèanamh oidhirp gus seirbheisean Gàidhlig na sgìre a thoirt gu aire dhaoine far a bheil tachartasan choimhearsnachd a' gabhail àite. Bha e an làthair aig Fèis Naomh Cholm ann an Allt Èireann air an 4mh latha den Òg Mhios agus bho chionn ghoirid bha taisbeanadh aige aig na Geamaichean Gàidhealach ann an Inbhir Nis. Gus inbhe a chànan a leasachadh agus ùidh a bhrosnachadh anns a' Ghàidhlig tha e an sàs ann a bhith cur air dòigh tachartasan a bhiodh iomchaidh aig tachartasan choimhearsnachd san àm ri teachd. Thathar ag ullachadh bùird le Fiosrachaidh Gàidhlig airson diofair Ionadain Seirbhis na Comhairle san sgìre.

Coinneamhan Dà-Chànanach

Bha uidheamachd eadar-theangachaidh mar aon air a thabhann saor is an asgaidh bho Chomunn na Gàidhlig agus thug sin cothrom do Bhuidheann nan Oifigear a' choinneamh a chumail tro mheadhan na Gàidhlig. Dh'aontaich a h-uile duine gur e coinneamh shoibhreachail a bh'ann agus thathar an dùil gun tèid an ath choinneamh a bhios aig a' bhuidheann stiùiridh a chumail gu tur anns a' Ghàidhlig cuideachd.

Gheibh buidheann sam bith a tha ga iarraidh an uidheamachd airson coinneamhan a chumail sa Ghàidhlig.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fòn gu Comunn na Gàidhlig air 01463 234 138 no post-d oifis@cnag.org.uk



Luchd obrach ChnaG a' feuchainn na h-innealan ùra.

Tha Josie Forman a' toirt cothroman còmhraidh do luchd ionnsachaidh agus fileantaich nuair a tha iad a' coinneachadh a h-uile oidhche Chiadain bho 7.30f ann an Taigh Seinnse nam Manach Dubh, Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh post-d ga h-ionnsaigh—JosieNicLeoid@aol.com



cnag.org.uk



hie.co.uk/inbse



highland.gov.uk



bord-na-gaidhlig.org.uk



Soidhneachan Dà-chànanach

Tha an co-òrdanaiche leasachaidh air taic a thoirt do Shine Ramsay Nic a' Ghobhainn bho J.R.S. Marketing Associates ann a bhith a' tabhann Gàidhlig airson Cur-seachad Inbhir Nis, Iùl Bìdh Inbhir Nis agus Leabharlann Inbhir Nis.

Tha iomairt eile ann cuideachd a fhuair taic bho Iomairt na Gaidhealtachd, Comunn na Gàidhlig agus Comhairle na Gaidhealtachd a bhrosnaicheas luchd gnìomhachais agus companaidhean gus soidhnichean dà-chànanach a chleachdadh.

Làraich Lìn Fheumail

Seo agaibh ceanglaichean gu làraich lìn a tha feumail agus fiosrachail do luchd labhairt na Gàidhlig anns an sgìre.

- inbhirnis.org
- groups.yahoo.com/group/Gaelic-News/
- inbhirnarann.blogspot.com
- smo.uhi.ac.uk/gaidhlig/faclair/sbg/lorg.php

Òigridh



Làraich Lìn 'Guth na h-Òigridh'

Ma tha ceistean sam bith agaibh co-cheangailte ris a' Phlana Cànanais & Cultar no mas urrainn dhuibh taic a thoirt seachad ann a bhith a leasachadh na Gàidhlig ann an sgìre Inbhir Nis & Inbhir Narainn cuiribh fios gu Aonghas MacLeòid, 5 Caolshràid Mhìcheil, Inbhir Nis, IV2 3HQ. Fòn - 01463 234 138 Post-D aonghas@cnag.org.uk

Tha ceumannan air a ghabhail gus cur-seachadan airson cloinne taobh a-muigh na sgoile, deugairean agus feadhainn anns na ficheadan adhartachadh. Thèid seo a dhèanamh le co-obrachadh bhon a' Chomhairle agus CnaG. Thèid iarraidh air companaidhean agus eagraich tuilleadh a dhèanamh airson òigridh le Gàidhlig. Ann a bhith ag obair còmhla ris a bhuidheann 'Arts in Motion' a tha stèidhte ann am Baile Eòghainn thathar an dòchas gum bi ùidh gu leòr ann bho òigridh na Gàidhlig gus comas a thoirt dhan bhuidheann bùth-obrach fiolm a chumail tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha Aonghas an dòchas gum bi e ag obair còmhla ri Fèisean nan Gaidheal agus na Fèisean Ionadail gus programan a bharrachd de chur-seachadan agus tachartasan a thabhann do chloinn mun a' chultar agus dualchas a th'aca agus a' Ghàidhlig mar cànan.

An dèidh Fèis Ghlinn Albainn' ann an Cill Chuimein a chaidh a dhèanamh le Fèisean nan Gaidheal thèid na tha ann de chothroman a sgrùdadh gus Gàidhlig a leasachadh.



Oileanaich agus Fear-Oideachaidh aig Fèis Ghlinn Albainn an Cill Chuimein

A' tòiseachadh air 12 an t-Sultain bidh Colaiste Inbhir Nis agus Comhairle na Gaidhealtachd, a fhuair taic bho Bhòrd na Gàidhlig, a' tabhann clasaichean oidhche airson Gàidhlig ionnsachadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fòn gu Colaiste Inbhir Nis - 01463 273 000



Tosgairean Cathair Bhaile Inbhir Nis

Tosgairean Cathair Bhaile Inbhir Nis

Se ceum cudthromach a th'ann aire a thogail am measg luchd turais gu h-ionadail, gu nàiseanta agus aig ìre eadar-nàiseanta.

Bha Aonghas MacLeòid agus Sharon NicAoidh bho Giullachd Meadhan Cathair Bhaile Inbhir Nis mothachail air a' chothrom a bh' aig Tosgairean Cathair Bhaile Inbhir Nis ann a bhith toirt fiosrachaidh mu dheidhinn na Gàidhlig, ar cultar agus ar dualchas.

Tha dùil aig Aonghas gum bi e ag obair gu dlùth le Giullachd Meadhan Cathair Bhaile Inbhir Nis anns an àm ri teachd gus dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig na bhun-stèidh den treanadh aig Tosgairean.



cnag.org.uk



hie.co.uk/inbse



highland.gov.uk



bord-na-gaidhlig.org.uk